

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*PLEASE SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION\***

**Airson Sgaoileadh sa bhad**

**26/02/2016**

**Draghan mu chuing air àireamhan ann an Dùn Èideann**

Tha dragh mòr air Bòrd na Gàidhlig mun naidheachd gum faodadh gu bheil Comhairle Baile Dhùn Èideann a' dol a chur cuing air an àireamh de sgoilearan bun-sgoile ann am Foghlam Gàidhlig a bhios a' dol gu Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbuig far a bheil foghlam Gàidhlig an-dràsta air a thabhann.

Thuir Ceannard eadar-amail Bhòrd na Gàidhlig, Brus Robasdan: "Tha an naidheachd gu bheil a' Chomhairle, gun cho-chomhairleachadh a bhith ann agus gun a bhith a' leantainn na slighe àbhaisteach, air aithisg fhaighinn bho oifigich a chuireas bacadh air clann, a chuir seachad 7 bliadhna ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, a dhol gu foghlam Gàidhlig anns an sgoil sgìreil aca, na adhbhar dragh mòr dhuinn. Bidh mi a' sgrìobhadh gu Ceannard na Comhairle agus gu na comhairlichean a' cur an cèill na draghan a th' againn, às leth nan sgoilearan agus nam pàrantan a tha an sàs sa chùis. Chan eil aig a' chloinn seo ach seachdainean air fhàgail sa bhun-sgoil agus tha iad mu thràth air tadhal air Sgoil Sheumais Ghilleasbuig mar phàirt den ghluasad aca chun na h-Àrd-sgoile agus dh'fhaodadh a-nis gu bheil suidheachadh mì-chinnteach romhpa. Bhithinn an dòchas gun gabhadh na comhairlichean ceumannan airson ceist mhòr fhaighneachd air dè cho ceart agus cothromach agus a tha na molaidhean seo air adhbharan foghlaim, moralta agus reachdail.

## **DEIREADH**

**Airson tuilleadh fiosrachaidh mun bhrath-naidheachd seo, cuiribh fios gu Steven MacIomhair, am Manaidsear Corporra is Conaltraidh aig Bòrd na Gàidhlig, aig [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) no air 07595763071.**

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**For Immediate Release**

**26/02/2016**

## **Concerns of capping numbers in Edinburgh**

Bòrd na Gàidhlig is extremely concerned following news that Edinburgh City Council may be capping the numbers of Gaelic-medium primary pupils, transferring to James Gillespie's High School where Gaelic education is currently being offered.

Interim CEO at Bòrd na Gàidhlig, Bruce Robertson said: "The news that the council, without consultation or following due process has received a report from officials to restrict the entry of pupils, who have spent 7 years in Gaelic-medium education, entering into secondary Gaelic education in their zoned school is extremely concerning. I will be writing to the CEO of the council as well as the elected representatives outlining our concerns on behalf of the pupils and parents involved. These children have only weeks of primary schooling left, have already visited Gillespie's as part of their transition process and now could face an uncertain future. I would hope that the elected members take steps to seriously question the validity of the proposals on educational, moral and legislative grounds."

**ENDS**

**For more information about the content of this press release, contact Steven MacIver, Corporate and Communications Manager at Bòrd na Gàidhlig, by e-mailing [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) or by phoning 07595763071.**